

IOMAIRT CHARTHANNAIS A' PHRIONNSA ANN AM BURNLEY

Ann an 1985, an dèidh dha factaraidh mòr bhrat-ùrlair a dhol à bith, chuir Prionnsa na Cuimrigh air dòigh compàirteachas One Town ann an Halifax, ann an Siorrachd Iorc an Iar. Troimhe, thug a Mhòrachd Rìoghail ri chèile an t-ùghdarras ionadail agus gnothachasan san sgìre gus prògram ath-thogail a stèidheachadh a leudaicheadh cothroman obrach agus a bheireadh piseach dhan àrainneachd thogte san sgìre.

Fichead bliadhna bhon uair sin, thadhail am Phrionnsa air Burnley ann an 2005 gus obair dhà dhe na buidhnean aige fhaicinn, bha e dhen bheachd gum biodh iomairt eile de a leithid luachmhor, 's mar sin dh'iarr e air 10 dhe na carthannais aige obrachadh còmhla ri Comhairle Burnley agus prìomh chompàirtichean eile gus barrachd chothroman a thoirt dhan oigridh, airson taic a thoirt dha na sgoiltean 's do bhuidhnean coimhearsnachd, a bharrachd air a bhith a' toirt eòlas ann a bhith ag ath-nuadhachadh cheàrnaidhean bochda dhen bhaile. B' iad seo na carthannais a bha a' gabhail pàirt: Gnothachas sa Choimhearsnachd (BITC), Urras a' Phrionnsa airson Àrainneachd Thogte, Urras a' Phrionnsa, Urras Ath-nuadhachaidh a' Phrionnsa, Sgoil a' Phrionnsa airson Ealain Thraidiseanta, An Stèidheachd airson Slàinte Aonaichte, In Kind Direct, Urras a' Phrionnsa airson Chloinn is nan Ealain, Ealain agus Gnothachas agus an Urras Àisianach Breatannach.

Ghabh an compàirteachas ceum mòr air adhart ann an 2008 le taic bho Buidheann Iomairt Sgìreil an Iar-thuath, nuair a ghluais còignear neach-obrach bho na cathrannais a-steach a dh'oifisean sa bhaile gus obrachadh còmhla ris an Sgioba Ioma-bhuidhneach airson Duilgheadasan Fhuasgladh - prìomh chaidreachas de bhuidhnean ionadail a tha ag obair air diofar pròiseactan san t-siorrachd a tha ag amas air a bhith a' lùghdachadh eucoir, giùlan mi-shoisealta agus a' dèiligeadh ri cùisean coimhearsnachd eile.

Tha e air a bhith air leth cudromach gu bheil raon farsaing de bheachdan air a thighinn air sgàth 's gu bheil na carthannais air a bhith ag obair còmhla - agus gu bheil sàr-eòlas nan diofar bhuidhnean air a bhith a' tighinn ri chèile. Tha BITC air stiùirichean ann an gnothachasan a thoirt ri chèile sa phrògram Seeing is Believing, agus tha seo air prògraman a chur air chois sna sgoiltean airson obraichean is dreuchdan, agus tha iad cuideachd a' ruith chlasaichean adhartach airson luchd-tionnsgain ionadail. Tha Urras a' Phrionnsa a' ruith sreath de phrògraman gus òigridh a chuideachadh a thaobh cosnaidhean fhaighinn, agus trèanadh no foghlam. Aig an aon àm, tha Sgoil a' Phrionnsa airson Ealain Thraidiseanta air a bhith ag ionnsachadh chloinne bho dhiofar chultaran mar a tha pàtrain Nàdair a' nochdadh ann an dealbhadh is ealain thraidiseanta, agus tron sgeama seo, tha eòlas is tuigse air na diofar dhualchasan air a mheudachadh.

Tha BITC air a bhith ag obair còmhla ris a' bhaile aig an àm dhuilich seo san eaconamaidh, agus tha iad air Co-bhanntachd Bhancaichean Burnley a stèidheachadh. Tha a' bhuidheann seo de dh'àrd-ghnìomhaichean bhancaichean, stiùirichean gnothachasan agus Ceannard na Comhairle ag obrachadh còmhla ri chèile gus dèanamh cinnteach gu bheil cothrom aig gnothachasan sa bhaile air iasadan aig ìrean rèidh feumail, 's gum faigh iad air cumail a' dol tron t-suidheachadh dhuilich a tha san eaconamaidh an-dràsta.

Tha Urras a' Phrionnsa airson na h-Àrainneachd Thogte agus Urras Ath-nuadhachaidh a' Phrionnsa a' dlùth-obrachadh le Comhairle Burnley agus Brian Gray - Cathraiche an RDA – mun na tha an dàn dhan Weaver's Triangle, agus am prìomh phlana a tha an dùil airson ath-nuadhachadh a' bhaile air fad.

Tha e air a bhith air leth inntinneach cho farsaing 's a tha an raon de dh'obair ùr-ghnàthach a th' air nochdadh bho na carthannais a bhith ag obrachadh cho dlùth ri chèile - agus a' toirt sàr-eòlas sònraichte chun an àite.

CLI

Prionnsa na Cuimrigh a' toirt seachad òraid an dèidh dha buidheann-obrach Gnothachasan sa Choimhearsnachd fhosgladh aig Ionad Teicneòlais Dhìseataich Lancashire fhosgladh ann am Burnley.

Dealbh bhon Burnley Express

PRÒISEACT CHOILLTEAN-UISGE A' PHRIONNSA

Tha Prionnsa na Cuimrigh, còmhla ri mòran de dh'eòlaichean àrainneachd agus luchd-saidheans, dhen bheachd gu bheil e deatamach an di-choillteachadh a tha a' gabhail àite sna coilltean tropaigeach a lùghdachadh ma tha teansa sam bith gu bhith againn air làmh an uachdair fhaighinn air atharrachadh gnàth-shìde.

Tha Pròiseact Choilltean-uisge a' Phrionnsa (PRP) air a bhith ag obair airson faisg air dà bhliadhna gus aonta fhaighinn eadar riaghaltasan, buidhnean neo-riaghaltasach agus riochdairean na roinn phrìobhaidich a thaobh 's mar a thèid an ìre aig a bheil di-choillteachadh a' gabhail àite a lùghdachadh. Tha buaidh mhòr aig sgrios choilltean-uisge an t-saoghail air atharrachadh gnàth-shìde - ag adhbhrachadh barrachd sgaoilidh na còmhhdail an t-saoghail air fad. Tha na coilltean cuideachd a' gleidheil bith-iomadachd, a' cumail smachd air agus a' tabhann uisge, a' gleidheil sheirbheisean eag-shiostaim eile a tha deatamach, agus a' cumail chosnadh is dòigh-beatha dha mu bhillean dhe na daoine as bochda san t-saoghal.

Sa bhliadhna mu dheireadh, tha am Pròiseact air a bhith a' cuimseachadh air tuigse fhaighinn air na h-adhbharan eaconamach airson di-choillteachadh, agus air a bhith a' lorg dòigh chothromach airson nan nàiseanan le coilltean-uisge na coilltean sin a dhion, an àite a bhith gan sgrios. Tha am pròiseact airson gum bi barrachd luach sna craobhan 's iad beò an àite iad a bhith marbh, agus tha e a' lorg dhòighean airson am modh seo a mhaoineachadh.

Sa Mhàrt 2009, dh'ullaich PRP aithisg air a thoraidhean agus a cho-dhùnaidhean (ri fhaighinn air an làraich-lìn www.rainforestSOS.org). Tha an aithisg a' dèanamh soilleir gu bheil feum air maoineachadh sa bhad a chuireas bacadh air an di-choillteachadh - "Pasgan Èiginn airson Choilltean Tropaigeach". Mar sin, thathar ag amas air maoineachadh a lorg ann an cabhag tro chompairteachas poblach-priobhaideach ann an dùthchannan leasaichte, 's gum bi e comasach dha nàiseanan nan coilltean-uisge gluasad gu modh-obrach eaconamach nach bi cho millteach a thaobh sgaoileadh gualain.

Air 1 Giblean 2009, chuir am Prionnsa air dòigh coinneamh eachdraidheil aig an robh ceannardan eadar-nàiseanta gus beachdachadh air a' chùis. Cho-dhùin na compairtichean Còmhlan Obrachaidh Eadar-nàiseanta a chur air bhonn a bhreithnicheas air an tagradh, maille ri feadhainn eile, ro bhith a' moladh plana-iomairt cruinneil is co-òrdanaichte ann an àm airson coinneamh an UNFCCC an Copenhagen san Dùbhlachd.

Tron chòrr de 2009, leanaidh am PRP air ag obair le riaghaltasan agus raon farsaing de ghnothachasan agus buidhnean eile airson na bun-bheachdan seo fhaobhrachadh agus taic a chur ri gnìomhan a' Chomhlain Obrachaidh.

Air 5mh Cèitean 2009 chuireadh prògram aire phoblaich cruinneil air bhog leis a' PRP a tha ag amas air coimhearsnachd air-loidhne a thogail airson beachdan an t-sluaigh aomadh gu bhith a' toirt taic dha atharrachadh deatamach air a' chùis. Aig cridhe an tachartas tha film 90-diog mun mhòr-fheum di-choillteachadh a sgar. Tha Prionnsa na Cuimrigh san fhilm, am Prionnsa Uilleam agus am Prionnsa Harry, còmhla ri grunn urramach eile, leithid Harrison Ford, an Dalai Lama agus Daniel Craig. Tha gach fear dhiubh seo ri fhaicinn ri taobh losgann coimpiutaireach a tha na shamhla air na coilltean-uisge.

"S e atharrachadh gnàth-shìde an cunnart as motha a tha fa chomhair mhic an duine. Gach bliadhna, tha barrachd gualain dà-ogsaid air a sgaoileadh dhan àile tro bhith a' sgrios nan coilltean-uisge na tha tron h-uile càr, itealan agus soitheach air an Talamh air an cur còmhla. Feumaidh sinn ceumannan a ghabhail sa bhad. Tha na ginealaich a tha romhainn an urra rinn."

Prionnsa na Cuimrigh a' bruidhinn san fhilm gus iomairt air-loidhne a chur air bhog a thogas àire dhaoine, Cèitean 2009.

GU H-ÀRD

Am Prionnsa os cionn coinneimh eachdraidheil de cheannardan eadar-nàiseanta, a' bruidhinn air mar a thèid dèiligeadh ri di-choillteachadh.

CLÌ

Prionnsa na Cuimrigh agus losgann coimpiutaireach PRP, a' togail aire dhaoine chun an fheum a th' ann gus coilltean-uisge a shàbhaladh.